

Tarsainn

O 's ann oirrese a nì mi òran
Mu dheidhinn a nàdair bha làidir, urramach
Gun sireadh glòir no ri lorg buidheachas
Tè uasal, dhàna bha treun, deas-labhairteach

*O an cluinn thu, an cluinn thu mi?
Shìos aig a' gheata is càch a-staigh x2*

Sheas i stòlda ri doras daingeann, trom
Bhuail i ris ach cha tàinig freagairt ann
Chual' i a h-òran air cùl nam ballachan
'S ged dhèanar rèite rith', chan fhaigh i coimeas ann

*O an cluinn thu, an cluinn thu mi?
Dòrn air an doras 's mo dhàn a-staigh x2*

Thàinig sgàineadh air aghaidh na sligh' a-steach
An ceò 's an ceòl 's iad a' tighinn na shruthladh às
Ceum cùramach ghabh i shuas air an leac
Air oir na h-eachdraidh 's an t-àm a bha ri teachd

*O an cluinn thu, an cluinn thu mi?
Tarsainn na starsaich is ceum a-staigh x2*

Saoil an cùm sibhse suas ur sròl?
Saoil an cuimhnich sibh air ur cruadal?
Am fàg sibh dachaigh a bha dùint', do-ruigsinneach
Fialaidh, furanach don fheadhainn a thig nur comhair?

*O an cluinn thu, an cluinn thu mi?
Shìos aig a' gheata is càch a-staigh
O an cluinn thu, an cluinn thu mi?
Dòrn air an doras 's mo dhàn a-staigh
O an cluinn thu, an cluinn thu mi?
Tarsainn na starsaich is ceum a-staigh
Tarsainn na starsaich is ceum a-staigh
Tarsainn na starsaich is ceum a-staigh*

It is about her that I will make a song
Of her nature that was strong and honourable
Seeking neither glory nor gratitude
A noble woman, bold, brave and outspoken

*Oh can you hear, can you hear me?
Down at the gate and the rest inside x2*

She stood steadfast at an immovable, heavy door
She knocked but no answer came
She heard her own song through the walls
And though peace is made with her, she is not an equal

*Oh can you hear, can you hear me?
My fist on the door and my song (also destiny) inside x2*

A crack came across the face of the entrance
Mist and music came streaming through it
A careful step she took onto the threshold
On the edge of history and the future

*Oh can you hear, can you hear me?
Across the threshold and stepping inside x2*

Will you hold your banner high?
Will you remember your hardship?
Will you leave open a home that was shut, inaccessible
Welcoming and warm to those who come after you?

*Oh can you hear, can you hear me?
Down at the gate and the rest inside
Oh can you hear, can you hear me?
My fist on the door and my song (also destiny) inside
Oh can you hear, can you hear me?
Across the threshold and stepping inside
Across the threshold and stepping inside
Across the threshold and stepping inside*